



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba



Goireasan-litearachd

## Bàrdachd – leughadh agus tuigsinn

# “Open the Doors!”

Sgrìobh Edwin Morgan dàn air a bheil “Open the Doors!” gu fosgladh Pàrlamaid ùr na h-Alba a chomharrachadh. Chaidh a leughadh os àrd aig an fhosgladh. Chaidh Gàidhlig a chur air an dàn le Rody Gorman.

Leugh an dàn “Open the Doors!” san dà chànan agus an uair sin freagair na ceistean a leanas. Gheibh thu an dàn aig [www.scottish.parliament.uk/openthedoors](http://www.scottish.parliament.uk/openthedoors) sa Bheurla agus <http://goo.gl/X6mQs> sa Ghàidhlig.

1. Sgrìobh sìos trì faclan a ghlacas d' aire san dàn. Carson a tha iad inntinneach mar fhaclan?
2. Sgrìobh sìos aon mheatafor a thathar a' cleachdadh anns an dàn.
3. Sgrìobh sìos aon samhla a thathar a' cleachdadh anns an dàn.
4. Ma tha thu a' coimhead air an dàn sa Bheurla, sgrìobh sìos dà eisimpleir de dh'fhaclan Scots a thathar a' cleachdadh.
5. Carson na do bheachd a tha am bàrd a' cleachdadh fhaclan den t-seòrsa seo?
6. Dè na faclan a chleachdas am bàrd ann an rannan 4 is 5 gus leigeil fhaicinn gu bheil e a' bruidhinn ri Buill?
7. Dè tha Edwin Morgan ag innse dhuinn mun Phàrlamaid na do bheachd?



“Edwin Morgan air beulaibh an dàn leis “Open the Doors!”

### Briathrachan (glossary)

“Contrarradh” (syncopations) – cleachdar am facal seo mar as trice ann an ceòl mar thuarisgeul air ruithim a tha far a' bhuille.

“Am Mile” – an t-sràid ann an Dùn Èideann air a bheil am Mile Rìoghail aig a bheil Caisteal Dhùn Èideann aig an dara ceann agus Lùchairt Thaigh an Ròid is Pàrlamaid na h-Alba aig a' cheann eile.

“An Eaglais aig MacIlliosa” (St Giles) – a' chathair eaglais ann an Dùn Èideann mu lethreach slighe sìos am Mile Rìoghail.

“Biùganach” (link-boys) – san 18mh linn, rachadh fir a bha air mhisg a chuideachadh a-steach dha na carbadan aca le òganaich. 'S e “biùganaich” a bh' orra a chionn 's gum biodh biùgain (lòchrain) aca.

### “An Soillseachadh”

(Enlightenment) – an ùine san 17mh linn de bheachdachadh saidheansail agus inntleachdail a thug buaidh air an t-saoghal san 18mh linn. Chuir luchd-beachdachaidh aig an àm seo sealladh ciallachail is saidheansail air adhart mu cheistean creideimh, sòisealta, poiliteagach is eaconamach.

“makars” – facal Scots air bàird no sgrìobhadairean, luchd-beachdachaidh.

